


STORYWORLDS  
BRIDGES

Na  
**FACLAN**  
**CEÁRR**



Liz Minister

## Caibideil 1



Dhùisg Pòl tràth air a cho-là-breith. Bha fadachd a bheatha air gus am faiceadh e dè a chuir Uncail Dan thuige.


Bha preusantan Uncail Dan an-còmhnaidh sgoinneil. Aon bhliadhna thug e dha speuclairean àraid airson faicinn anns an dorchadas. An-uiridh, thug Uncail Dan dha brògan-rothaidh le motair anns gach cuibhle.



Chaidh Pòl na ruith sìos an staidhre. Aig doras a' chidsin, chunnaic e bogsa mòr, donn. Bha ainm sgrìobhte air a' bhogsa ann an litrichean mòra. Leugh e a' chairt a bha leis a' bhogsa.



Co-là-breith sona dhut, a Phòil!  
Feuch gum bi thu math do Mhàiri  
an Ròbot. 'S urrainn dhi coiseachd ach  
chan urrainn dhi bruidhinn fhathast.  
'S toigh leatha fealla-dhà agus  
àbhachdan. Tha mi cinnteach gum bi  
deagh spòrs agad leatha. An dòchas  
gum bi latha math agad an-diugh.  
Le gaol,  
Uncail Dan x  
P.S. An urrainn dhut seo a ràdh  
ann an cabhaig? Balach beag  
bìodach a' bocadaich air  
bàrr baraille.






Bha Pòl air bhoil a' fosgladh a' bhogsa. Bha an ròbot na laighe an siud. Thog e às i gu faiceallach. Bha fadachd air gus an innseadh e sgeulachdan èibhinn dhi – àbhachdan.

Bha Pòl a' cluiche còmhla ri Màiri a h-uile latha, ach fiù 's an dèidh mìos cha robh facal cainnt aig Màiri. Leugh Pòl mòran sgeulachdan do Mhàiri agus bha àbhachdan gu leòr aige dhi.

“An cuala tu mun duine a chaidh air an eadar-lìon airson a' chiad uair?” thuirt e ri Màiri aon mhadainn. Cha tuirt Màiri smid.

“Tha sin furasta,” thuirt Pòl, a' freagairt a cheist fhèin. “Thuit e eadar dà bhàt'-iasgaich!”

Cha do thuig Màiri dè bha cho èibhinn.



Thuir Mam gun tug Pòl  
bliadhnaichean mus do thòisich e  
a' còmhradh. B' fheàrr leatha a-nis nach  
robh e riamh air tòiseachadh! Cha robh  
stad a' dol air!



Aon uair, an dèidh do Phòl sgeulachd  
èibhinn innse do Mhàiri, shaoil e gun  
cuala e gàire beag.

'S dòcha nach robh ann ach luch an  
cùl a' bhalla ged-thà.

Aon mhadainn, nuair a dhùisg Pòl,  
bha Màiri na suidhe air an leabaidh.  
Bha i a' bruidhinn ann an guth socair  
mar ròbot. Abair dùsgadh!

Thuir Màiri, "Gnog – gnog."


Shuidh Pòl an-àirde.

"Cò th' ann?" thuir e.

"Sìne," thuir Màiri.

"Cò Sìne?" arsa Pòl.

"Sìne – air – an – leabaidh – agus –  
caidil!" thuir Màiri.



“Sgoinneil,” arsa Pòl, a’ leum suas agus sìos air an leabaidh. “Sìne air ... sìn air an leabaidh agus caidil! Èibhinn! ’S urrainn dhut bruidhinn!”

Thuirt Pòl àbhachd eile ri Màiri.

“Gnog, gnog,” arsa Pòl.

Thuirt Màiri, “Cò th’ ann?”

“Hama,” arsa Pòl.

“Cò hama?” thuirt Màiri.

“Hama cheann goirt. Sguir a chòmhradh!”

Bha gàire uabhasach èibhinn aig Màiri.

*Brag – gliong – brag*, arsa na putain air stamag Màiri. “Dè an t-ainm a th’ air – cailleach – nach – urrainn – suidhe?” thuirt Màiri.

Bha fios aig Pòl air freagairt na ceist. “Seasaidh!” thuirt e.

“Dè an t-ainm a th’ air iasg – air a – bheil – bonaid – beag?” arsa Màiri. Cha robh fios aig Pòl.

“Adag!” fhreagair Màiri. Bha an dithis aca lag a’ gàireachdainn.



Thàinig màthair Phòil a-steach.


“Tha Màiri a’ bruidhinn a-nis agus tha i uabhasach èibhinn,” thuirt Pòl.

“Fuirich gus an cluinn sibh seo.”

“Carson nach robh an saor ag iarraidh obair a dhèanamh air ceann an taighe?” thuirt Pòl.

Cho luath ’s a ghabhadh, fhreagair Màiri, “Oir bha e ag obair air a’ cheann fhèin!”

“Òbh, òbh! Na can rium gum bheil an dithis agaibh a-nis gu bhith ag innse àbhachdan. Thèid mi às mo chiall!”



An uair sin choimhead Màiri air Pòl agus thuirt i, “A Dhòmhnail?”

“S e Pòl an t-ainm a th’ ormsa,” thuirt e, a’ gàireachdainn.

“Pòl – Dòmhnall – sgòth,” thuirt Màiri, “an – aon – rud.”

“Dè tha thu a’ ciallachadh?” thuirt Pòl. An uair sin rinn e mach carson nach robh Màiri a’ tuigsinn.

“S e an aon fhuaim a th’ ann – ò – ach chan eil na faclan a’ ciallachadh an aon rud. Tha tòrr agad ri ionnsachadh fhathast!” thuirt e ri Màiri. “Nach math gum bheil sinn cho càirdeil ri chèile.”

Uaireannan, nuair a bha Màiri air bhoil, chanadh i faclan anns an òrdugh cheàrr. Bha aig Pòl ri feuchainn ri ciall a dhèanamh dhiubh.

Aon latha, thuir Màiri, “Tha – orm – t-acras – an. Dè – sinn – a – ghabhas?”

“S e tha thu a’ ciallachadh: *Tha an t-acras orm. Dè a ghabhas sinn?*” thuir Pòl. “Dè tha thu ag iarraidh?”


“Gual – agus – bainne – uaine,” arsa Màiri.

“Dè fon ghrèin ... ?” thuir Pòl.


“A bheil thu air a dhol às do chiall?”

An uair sin thuig Pòl dè bha Màiri a’ ciallachadh. “À-a-a. *Ubhal agus glainne bainne!* Tha thu èibhinn!”

“Leat – tapadh,” thuir Màiri.



## Caibideil 2



Aon latha, bha Màiri a-staigh leatha fhèin nuair a chuala i gnog aig an doras.

Thuir Màiri, “Gnog – gnog,” nuair a bha i a’ fosgladh an dorais. Bha dithis fhìreannach aig an doras.

“Teann às an rathad, a ròbot ghòraich,” thuir fear aca, a’ putadh Màiri gu aon taobh.

Cha robh Màiri a’ tuigsinn dè bha na daoine ag iarraidh. Cha robh i a’ tuigsinn carson a bha iad cho grod rithe.





“Greas ort, ille,” thuirt an duine eile.  
“Tha cothrom math againn tòrr a ghoid an seo.”

“Dè – thug – air – a’ – bhòrd – tòiseachadh – a’ – caoineadh?” thuirt Màiri gu slaodach.

“Dè tha an ròbot gòrach ud ag ràdh?” thuirt fear de na robairean.

“Chan eil ach cainnt gun chiall,” thuirt am fear eile.

“Thug – an – sèithear – a – chasan – leis,” thuirt Màiri. Cha robh na robairean ag èisteachd. Bha iad trang a’ lìonadh poca le seudan, fàinneachan agus rudan eile.



“Dè – thuirt – am – poileasman – ris – a’ – phàipear-naidheachd – a – bha – ri – goid?” thuirt Màiri ann an guth sàmhach.

“Nach cuir thu dheth an rud ud?” thuirt fear de na robairean.

“THA – THU – FO – GHAZETTE!  
THA – THU – FO – GHAZETTE!”  
bha Màiri ag ràdh a-rithist ’s a-rithist ann an guth mòr, uabhasach.


Choimhead na robairean air Màiri. Cha do chòrd an guth aig Màiri riutha. Bha sùil neònach aig Màiri orra agus bha iad mì-chofhurtail leatha.



“Mach à seo sinn,” thuirtear fear de na robairean.


“Tha droch shùil aig an ròbot ud orm. Cha toigh leam idir e,” thuirtear am fear eile.

Ruith an dithis cho luath ris a’ ghaoith a-mach air an doras. Bha poca mòr làn sheudan is eile air druim gach fir. Bha bùrach uabhasach air fhàgail san taigh agus cha do dhùin iad an doras às an dèidh.



Shuidh Màiri air an staidhre, a’ faireachdainn gu math tùrsach. Cha robh fios aice ciamar a b’ urrainn dhi na robairean a stad. “Gun – fheum – mise – ròbot,” thuirtear i.

Nuair a thàinig Pòl dhachaigh às an sgoil, chuir e iongnadh air gun robh an doras fosgailte. Shaoil e gun deach Màiri a-mach cuairt. Ach, cha robh Màiri uabhasach eòlach air na sràidean fhathast. Bha e toilichte Màiri fhaicinn na suidhe air an staidhre.



“Uill, a Mhàiri,” thuir Pòl. “Chuala mi àbhachd ùr an-diugh! Dè an diofar a tha eadar neach-camara agus ailtire?” Ghabh Pòl iongnadh nach tuir Mhàiri facal. “Bidh aon a’ togail dhealbhan agus bidh am fear eile a’ dealbh thogalaichean!” thuir Pòl.

Bha Mhàiri fhathast sàmhach. Shaoil Pòl gun robh i a’ coimhead caran neònach. Cha robh na solais air a stamaig a’ deàrrsadh mar a chleachd.

“Dè tha ceàrr?” arsa Pòl. “Seo àbhachd eile. Bheir seo gàire ort. Dè am muncaidh às fheàrr air seinn?” Cha do fhreagair Mhàiri a’ cheist. Thuir Pòl, “Òran – guntan!” Cha robh Mhàiri fiù ’s ag èisteachd.

Chaidh Pòl suas an staidhre airson leabhar nan àbhachdan fhaighinn. Chunnaic e gun robh ùpraid uabhasach ann an rùm a mhàthar. Bha aon drathair falamh. Cha robh sgeul air seudan. ‘Òbh, òbh! Dè thachair?’ thuir e ris fhèin.



Ruith e sìos an staidhre airson faighneachd do Mhàiri dè thachair agus càit an robh na seudan.

“A bheil seudan Mam agadsa?” thuirt Pòl rithe.

“Gnog, gnog!” arsa Màiri.

“Ist den sin an-drasta, thuirt Pòl, a’ fàs feargach. “Inns dhomh dè thachair san rùm aig Mam agus do na seudan aice.”



Mus tuirt Màiri facal, thàinig Mam dhachaigh. Sheall Pòl dhi am bùrach agus an drathair falamh. Bha i gu math troimh-a-chèile.

“Tha mi a’ smaoinichadh gum bheil fios aig Màiri mu dheidhinn,” thuirt Pòl agus chaidh e sìos an staidhre a bhruidhinn rithe a-rithist.

“An ann agadsa a tha seudan Mam?” arsa Pòl.

“Fo – Ghazette,” thuirt Màiri.

“Fo Ghazette?” arsa Pòl. “Bheil iad am falach fon a’ Ghazette?” Ach cha tuirt Màiri facal eile.

“Tha seo gun fheum,” thuirt Pòl nuair a chaidh e suas an staidhre gu Mam. “Tha mi den bheachd gum bheil na seudan aig Màiri. Cha do ghoid i idir iad. Tha na faclan aice am measg a chèile. Cha dèan mi a-mach càit a bheil na seudan am falach.”

“Uill, chan urrainn dhuinn ròbot mar sin a chumail. Cha bu chòir dhi a bhith a’ cur rudan am falach.” Bha Mam feargach. Chaidh i a-mach às an rùm.



## Caibideil 3



Bha Màiri fhathast ag ràdh rudan gòrach.

“Gnog, gnog!” arsa Màiri.

“Cò th’ ann?” thuirt Pòl.


“Pithis – le – doca!” arsa Màiri.

“Cò pithis le doca?” thuirt Pòl.

“Gnog – gnog! Pithis – le – doca!” thuirt Màiri a-rithist ’s a-rithist.

Chaidh Pòl a bhruidhinn ri mhàthair mu Mhàiri. “Feumaidh gum bheil rudeigin ceàrr oirre,” thuirt e.


“Bu chòir fios a chur air Uncail Dan.”



Nuair a nochd Uncail Dan, bha iongnadh air. Bhruidhinn e gu cruaidh ri Màiri.

“Nis, a Mhàiri. Inns an fhìrinn. Càit an do chuir thu a h-uile càil?”

“Gnog – gnog,” thuirt Màiri. “Pithis – le – doca. Foid – iad – ghàinne. Fo – Ghazette. Cainnt – gun – chiall.”



“Uill, tha thu ceart an sin,” thuirt Uncail Dan. “Gu dearbh, seo cainnt gun chiall.” Cha robh e air a dhòigh idir, idir.

“Tha mi duilich,” thuirt e ri Mam agus Pòl. “Feumaidh mi Màiri a thoirt air falbh. Tha mi a’ smaoinachadh gum bheil na seudan aice ach chan eil i a’ dèanamh ciall sam bith.”

Bha Pòl a’ coimhead Uncail Dan a’ cur Màiri air ais don bhogsa. “Gnog, gnog,” thuirt Pòl, a’ feuchainn ri toirt air Màiri gàireachdainn. Ach cha do fhreagair Màiri.



An oidhche sin, chaidh Pòl don leabaidh agus inntinn trom. Bha e ag ionndrainn àbhachdan Màiri agus mar a bha na faclan aice a' dol troimh-a-chèile. Cha b' urrainn dha a chreidsinn gun goideadh Màiri càil. 'Tha mi an dòchas gum faigh Uncail Dan a-mach dè tha ceàrr,' thuirt e ris fhèin.

Bha e na shìneadh san leabaidh a' coimhead air na rionnagan ach cha b' urrainn dha cadal. Bha e a' cur nan caran airson ùine mhòir. Bha na faclan neònach aig Màiri air inntinn.

Thòisich e ag ràdh nam faclan neònach ris fhèin, an dòchas gun dèanadh iad ciall uaireigin. *Gnog, gnog.* 'An e àbhachd ùr a bh' aice?' smaoinich e. Carson eile a chanadh i, *Gnog, gnog?*

Thàinig e air mar chloich às an adhar. "Nach mi tha gòrach!" thuirt e. "Cuiridh mi geall gun cuala i cuideigin aig an doras!"



Bha e an uair sin air bhoil a' feuchainn ri cuimhneachadh air faclan Màiri. An tuirt i *pithis le doca*? An robh i a' feuchainn air *dithis le poca* a ràdh?

Bha e a' tòiseachadh a' dèanamh ciall: *dithis le poca* a' gnogadh aig an doras agus ... dè thuirt i an uair sin? *Foid iad ghàinne*. 'S dòcha gur e *ghoid iad fàinne* a bha i a' ciallachadh!

Leum Pòl às an leabaidh agus ruith e sìos an staidhre gu Mam.



“Mam! Mam! Tha mi a’ tuigsinn na bha Màiri ag ràdh a-nis!” Thòisich e ag innse do mhàthair mu na daoine.

“Tha mi a’ smaoinichadh gum bheil thu ceart. Ach dè bha i a’ ciallachadh le *fo Ghazette*?”

“Mmmm,” arsa Pòl. “Chan eil mi cinnteach mun a’ phìos sin fhathast.”


“Greas ort,” thuirt Mam. “Feumaidh sinn stad a chur air Uncail Dan mus toir e Màiri às a chèile.”



Leum Pòl agus a mhàthair don chàr. Bha deise-leapa air Pòl fhathast. Cha robh ùine ann aodach a chur air.

Chuir e iongnadh air Uncail Dan nuair a nochd iad aig an doras aige. Chuir e cuideachd iongnadh air nuair a chuala e na bh'aca ri ràdh.

“Thàinig sibh ann an deagh àm,” thuirt e. “Bha mi deiseil airson tòiseachadh a’ toirt Màiri às a chèile.”



Chuir Uncail Dan fios air na poilis. An dèidh greis, nochd poileasman aig an doras. Dh’iarr Uncail Dan air tighinn a-steach.

Bha fadachd air a’ phoileasman cluinntinn mun bhùrach aig Màiri.

“Uill,” thuirt e, “feasgar an-diugh chuir sinn dithis an grèim aig an robh poca le seudan agus fàinneachan agus eile a chaidh a ghoid. Nuair a thuirt mi riutha, ‘Tha sibh fo chasaid ...’ thuirt fear aca ris an fhear eile, ‘Feumaidh gun cuala iad bhon ròbot ghòrach.’”

“Nach e Màiri a bha glic,” arsa Pòl. “Fo Ghazette – fo chasaid.”



An ath latha, thadhail am poileasman aig an taigh leis na chaidh a ghoid.

“S mi tha pròiseil, a Mhàiri,” thuir Pòl. “Rinn thu math.”

“Rinn gu dearbh,” thuir Mam, “agus tha mi duilich gun robh mi cho feargach.”

Bha na solais air stamag Màiri a’ deàrrsadh ’s a’ breabadaich. Bha i deiseil airson àbhachd no dhà innse a-nis.

Chaidh Mam agus am poileasman don chidsin airson cupa cofaidh. Bha Màiri agus Pòl a’ sracadh a’ gàireachdainn anns an rùm-suidhe.

Bha a h-uile càil air ais mar a b’ àbhaist! ’S math sin!




Na  
**FACLAN**  
**CEÀRR**

Tha robot ùr aig Pòl. 'S e Màiri an t-ainm a th' air an robot. Tha Màiri comasach air iomadh sgeul èibhinn, no àbhachd, innse, ach aig amannan bidh na faclan aice a' dol troimh-chèile.

Nuair a ghoideas mèirlich na seudan aig màthair Phòil tha faclan Màiri a' dol am measg a chèile agus thathas a' cur na coire oirrese.

Aig deireadh an latha tha Pòl ag aithneachadh dè ghabh àite.



ISBN 1-904730-55-8



9 781904 730552